

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark
(Èisteachd)

Grand Total

X229/11/01

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2013

DIMAIRT, 14 AN CÈITEAN
1.30 PM – 2.00 PM

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 2
Roinn A: Èisteachd
(Ceistean)

NATIONAL TUESDAY, 14 MAY
QUALIFICATIONS 1.30 PM – 2.00 PM
2013

GÀIDHLIG
INTERMEDIATE 2
Section A: Listening

Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Tha 30 comharraidhean anns a' phàipear seo.

Tha mionaid agaibh aig an toiseach airson na ceistean a leughadh.

Èist gu cùramach ris na h-earrannan a chluinneas tu air CD no a thèid a leughadh dhut.

Tha dà phàirt anns an deuchainn.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh aig àm sam bith.

Leugh na ceistean airson **Pàirt 1**.

Cluinnidh tu **Pàirt 1** dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Leugh na ceistean airson **Pàirt 2**.

Cluinnidh tu **Pàirt 2** dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.

Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



CEISTEAN

Pàirt 1

1. Cuin a chaidh clas an ùghdair a dh'Èirinn a Tuath?

1

2. Cò chaidh air an turas?

2

3. Carson a chaidh an clas a dh'Èirinn a Tuath?

2

4. Dè bu choireach gum faca Colla seallaidhean brèagha?

2

5. Càit an robh na sgoilearan gu bhith a' fuireach?

2

6. Carson a bha e doirbh do Cholla còmhradh an teaghlach a thuigsinn?

2

7. Dè thug an teaghlach Colla a dh'fhaicinn?

2

Comharraidhean

8. Dè an seòrsa àite san robh an teaghlach a' fuireach?

2

(15)

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

Pàirt 2

1. Cò chaidh cuairt don Phàrlamaid?

1

2. Cuin a dh'fhaodas daoine a dhol don Phàrlamaid?

2

3. Dè a' chiad rud a bha aig na sgoilearan ri dhèanamh anns a' Phàrlamaid?

2

4. Dè dh'ionnsaich an clas air a' chuairt?

2

5. Dè tha air innse mu choltas an togalaich?

2

6. Carson a tha aghaidh an togalaich 365 meatar a dh'fhaid?

2

7. Ainmich dà chuspair a bha air a dheasbad anns a' Phàrlamaid?

2

Comharraidhean

8. Dè an cothrom a tha an làrach-lìn a' toirt do òigridh?

2

(15)

[30]

[CRÌOCH ROINN A-ÈISTEACHD]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 30
Section B (i)	Leughadh / 30
B (ii)	Sgrìobhadh / 30
Grand Total	90

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark
(Leughadh)

--

X229/11/02

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2013

DIMAIRT, 14 AN CÈITEAN
2.20 PM – 4.00 PM

**GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 2**
Roinn B (i): Leughadh
Roinn B (ii): Sgrìobhadh

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2013

TUESDAY, 14 MAY
2.20 PM – 4.00 PM

**GÀIDHLIG
INTERMEDIATE 2**
Section B (i): Reading
Section B (ii): Writing

Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Tha 60 comharradh anns a' phàipear seo.

Earrann B(i) Leughadh

Leugh an earrann Ghàidhlig gu faiceallach, agus an uair sin freagair na ceistean, a' tòiseachadh le Ceist 1.

Nuair a shaoileas tu gur aithne dhut freagairt ceiste, sgrìobh am freagairt **ann an Gàidhlig** anns a' bheàrn. (Chan eil e air a shùileachadh gun lìon thu am beàrn air fad.)

Earrann B(ii) Sgrìobhadh

Sgrìobh do fhreagairt anns an leabhran a thèid a thoirt dhut.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



EARRANN

An dèidh an Dara Cogadh a sgrùdadh sa chlas Eachdraidh, agus *The Boy in the Striped Pyjamas* a leughadh sa chlas Bheurla, bha mi glè dheònach m' ainm a chur sìos airson cuairt a dh'Auschwitz.

Ach na mo sheasamh ann an Krakow a' feitheamh na trèan airson a dhol a dh'Auschwitz, bha diofar fhaireachdainnean a' ruith trom inntinn. Ged a bha mi a' coimhead air adhart ris, bha mi cuideachd a' faireachdainn ciont agus truas. Bha mi a' faireachdainn ciont oir cha robh mi cinnteach am bu chòir dhomh a bhith a' dol a thadhal air àite a bha a' cuimhneachadh nithean cho gràineil 's a thachair san Roinn Eòrpa san fhicheadamh linn, Bha mi a' faireachdainn truas airson nan daoine bochd a chaill am beatha ann an dòigh cho brùideil san àite seo. Tha Auschwitz an-diugh na shamhla air uabhas, murt agus a' Holocaust.

Ach le sèideadh den fhìdeig, bha an trèan air tighinn agus chaidh mi air bòrd.

'S e bàile àlainn a th' ann an Krakow, agus tha mòran sheann togalaichean ann fhathast air sgàth 's nach do thuit bomaichean an dara cogaidh air a' bhaile. Tha Auschwitz 60 cileameatair à Krakow. Air an trèan an latha ud, bha mi a' smaoinichadh air an turas a ghabh uiread de Iùdhaich eadar Krakow agus Auschwitz ann an 1942. Ciamar a bha iadsan a' faireachdainn?

An-diugh, tha taighean agus togalaichean ùra ann an Krakow agus air an iomall, ach chithear fhathast tobhtaichean sheann taighean. Tha an talamh còmhnard, le raointean sìnte fo chraobhan. Pìos a-mach às a' bhaile tha seann mhargaid ach a-nis 's e àirneis, aodach is eile a tha ga reic ann an àite measan agus lusan nan tuathanach.

Chleachd arm na Pòlainn a bhith stèidhichte ann an togalaichean air taobh a-muigh Auschwitz agus b' ann an sin a chaidh campa nam prìosanach a stèidheachadh ann an 1940. B' ann air latha brèagha earraich a thadhail mi air a' champa, ach ràinig na prìosanaich ann am meadhan a' gheamhraidh nuair a bha sneachd agus reothadh mòr ann. Anns na dealbhan a bha air na ballachan 's ann a bha iad coltach ri bodaich-shneachd le cleòca. Bha iad air a bhith nan seasamh cho fada san fhuachd agus gun robh iad gus reothadh.

An-diugh tha na togalaichean ann an Auschwitz nan taigh-tasgaidh mòr far am faic thu iomadh taisbeanadh inntinneach, leabhraichean le eachdraidh a' champa agus dealbhan agus ainmean cuid dhe na prìosanaich. Bidh cuid de dhaoine a bhios a' tadhal air Auschwitz a' bruidhinn air cho duilich 's a bha iad nuair a chunnaic iad an càrn bhrògan a chaidh a thoirt far nam prìosanach a chaidh a chur gu bàs anns a' champa.

Tha a' mhòr-chuid dhe na togalaichean air an leasachadh agus tha iad gu math snasail, grinn. Tha e doirbh a chreidsinn gun deach uiread de dhaoine a chur gu bàs an seo. Chaidh Taigh-tasgaidh Auschwitz a stèidheachadh le prìosanach a theich às a' champa. Gheall e dha na prìosanaich eile gun innseadh e dhan t-saoghal mu na thachair ann an Auschwitz nam faigheadh e a-mach beò. Gu dearbh is math a rinn e.

CEISTEAN

1. Dè an cuspair a bha an t-ùghdar air a dhèanamh ann an Eachdraidh?

1

2. Ainmich **DÀ** fhaireachdainn a bha aig an ùghdar nuair a bha e a' feitheamh na trèana.

2

3. Dè bha Auschwitz a' cuimhneachadh do dhaoine?

2

4. Ainmich na **TRÌ** nithean a tha Auschwitz a' samhlachadh.

3

5. Dè as coireach gu bheil uiread de thogalaichean aosta ann an Krakow?

2

6. Cò air a bha an t-ùghdar a' smaoinachadh nuair a bha e air an trèan?

2

[Tionndaidh an duilleag

7. Dè a' cheist a bha air inntinn an ùghdair nuair a bha e air an trèana?

1

8. Dè an coltas a tha air an dùthaich tro bheil an t-ùghdar a' siubhal?

3

9. Dè an t-atharrachadh a thàinig air an t-seann mhargaid?

2

10. Dè am buidheann a b' àbhaist a bhith a' cleachdadh nan togalaichean air taobh a-muigh a' bhaile?

1

11. Dè an seòrsa side a bh' ann an Auschwitz nuair a ràinig mòran de na prìosanaich?

1

12. Cò ris a bha an t-ùghdar a' samhlachadh nam prìosanach anns na dealbhan?

2

13. Dè chì luchd-tadhail ann an togalaichean Auschwitz a-nis?

3

14. Carson a bhios daoine duilich nuair a chì iad na brògan?

2

15. (a) Cò thòisich an taigh-tasgaidh?

1

(b) Dè gheall esan a dhèanamh?

2

(30)

[CRÌOCH ROINN B(i)–LEUGHADH]

Roinn B(ii): Sgrìobhadh

Ùine: 60 mionaid (moladh)

Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.

- | | |
|---|------|
| 1. Eagal. Sgrìobh mun chuspair seo ann an dòigh sam bith. | (30) |
| 2. Nuair a dh'fhalbh mo charaid . . . | (30) |
| 3. Bu chòir peata a bhith aig a h-uile duine. | (30) |
| 4. An spòrs no an ceòl as fheàrr leam. | (30) |
| 5. An tràigh. | (30) |
| 6. Nuair a chuala mi gnogadh aig an doras . . . | (30) |
| 7. Na saor-làithean a bu mhiosa a bh' agam riamh. | (30) |
| 8. An duilleag. | (30) |

[CRÌOCH ROINN B(ii)– SGRÌOBHADH]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

X229/11/11

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2013

DIMAIRT, 14 AN CÈITEAN
1.30 PM – 2.00 PM

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 2
Roinn A: Èisteachd (Earrann)

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2013

TUESDAY, 14 MAY
1.30 PM – 2.00 PM

GÀIDHLIG
INTERMEDIATE 2
Section A: Listening Transcript

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



(The passage should be read in approximately 2 minutes.)

Tha mionaid agaibh airson na ceistean a leughadh.

Roinn A

Pàirt 1 should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

EARRANN

Chaidh clas sgoile air cuairt a dh'Èirinn a Tuath. Seo Colla MacSuain ag innse beagan mun turas.

Pàirt 1

Chaidh an clas nuadh-eòlais againn air turas a dh'Èirinn a Tuath mus do dhùin an sgoil as t-samhradh. Chaidh deich sgoilearan agus dithis luchd-teagaisg air a' chuairt. Bha sinn ag ullachadh airson iomadh mìos airson an turais. Chaidh sinn ann airson tuilleadh ionnsachadh mun chuid sin de Bhreatainn agus airson gum faiceadh sinn Pàrlamaid Èirinn a Tuath. Shiubhail sinn air plèana eadar Glaschu agus Beal Feirste. Bha sin uabhasach math. Abair gum faca mise seallaidhean brèagha oir bha mi nam shuidhe ri taobh uinneig agus bha latha àlainn ann.

Nuair a thàinig sinn far a' phlèana ann am Beal Feirste bha buidheann de sgoilearan Èireannach gar feitheamh. Bha sinn gu bhith a' fuireach còmhla ri sgoilearan an aon aois rinn fhèin anns na dachaighean aca. Bha sin math oir bheireadh e dhuinn blas na b' fheàrr den àite. Bha mise a' fuireach còmhla ri balach dam b' ainm Pàdruig. 'S e tuathanach a tha na athair agus tha a mhàthair ag obair ann an taigh-òsta. Fhuair mi air adhart gu math leotha agus bha iad uabhasach gasta rium. Bha mi a' feuchainn ri Gàidhlig a bhruidhinn riutha ach bha e doirbh an tuigsinn oir tha a' Ghàidhlig aca caran eadar-dhealaichte bhon dòigh bruidhne againne. Ach, tha mi a' smaoinichadh gum fàsainn gu math fileanta anns a' Ghàidhlig aca nam bithinn a' fuireach còmhla riutha airson ùine na b' fhaide.

Thug iadsan mi a dh'fhaicinn mòran de na seallaidhean brèagha a tha mun cuairt. Tha iad a' fuireach air an dùthaich mu fhichead mìle a-mach à Beal Feirste. Shaoil mi gun robh an sgìre glè choltach ri ceann a tuath Alba, le beanntan agus lochan mun cuairt.

[CRÌOCH PÀIRT A H-AON]

After the second reading of Pàirt 1, wait for 5 minutes, and then read Pàirt 2.

Pàirt 2 should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 2½ minutes.)

Pàirt 2

Aon latha chaidh na sgoilearan uile còmhla ri chèile gu Pàrlamaid Èirinn a Tuath. Faodaidh daoine tadhal air a' Phàrlamaid gach latha eadar Diluain agus Dihaoine, agus gheibh daoine a-steach an-asgaidh. Nuair a ràinig sinn a' Phàrlamaid bha againn an toiseach ri ar n-ainm a sgrìobhadh ann an leabhar mòr. An dèidh sin thòisich a' chuairt timcheall na Pàrlamaid. Rè na cuairt dh'ionnsaich sinn mu eachdraidh na Pàrlamaid agus mun obair a bhios a' dol air adhart innte.

B' e am prìomh nì a bha againn ri fhaighinn a-mach ciamar a tha Pàrlamaid Èirinn a Tuath eadar-dhealaichte bho Phàrlamaid Alba.

Tha togalach na Pàrlamaid glè aosta agus tha e gu math mòr is brèagha. Tha aghaidh an togalaich trì cheud trithead 's a còig meatar a dh'fhaid. Tha sin airson sealltainn gu bheil a' Phàrlamaid a' coimhead às dèidh nan daoine a h-uile latha den bhliadhna.

Bha deasbad a' dol air adhart anns an t-Seòmar nuair a thadhail sinne. Chunnaic sinn Prìomh Mhinisteir Èirinn a Tuath agus an Leas Phrìomh Mhinisteir a' bruidhinn, cho math ri ceannardan eile. Am measg nan cuspairean a chaidh a dheasbad o chionn ghoirid bha an eaconamaidh, turasachd, an àrainneachd agus seirbheisean poblach.

Tha làrach-lìn dathach, tarraingeach aca airson foghlam. Tha an làrach-lìn a' toirt cothrom dhan òigridh ionnsachadh mu dheidhinn na Pàrlamaid agus pàirt a ghabhail ann am poilitigs. Tha an làrach-lìn inntinneach agus chanainn gum bi e feumail do dhuine sam bith a tha an sàs ann am foghlam.

Ma tha sibh ann an Èirinn a Tuath uair sam bith, mholainn dhuibh turas a ghabhail do thogalach na Pàrlamaid. Tha e uabhasach inntinneach.

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[DUILLEAG FHALAMH]